

### 1. Bailtean na Gàidhealtachd | Highland Towns

**Sgrìobh** ✎ - Freagair na ceistean seo le ainmean bailtean na Gàidhealtachd.

1. Càit am faic thu Tùr MhicCaoig? \_\_\_\_\_

2. Nam biodh tu ag iarraidh a dhol don Eilean Sgitheanach air an aiseag, càit am beireadh tu oirre? \_\_\_\_\_

3. Dè an t-ainm a th' air a' bhaile as fhaisge air Beinn Nibheis? \_\_\_\_\_

4. Càit a bheil Bealach na Bà? \_\_\_\_\_

5. Càit a bheil Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd? \_\_\_\_\_

6. Nam biodh tu a' seòladh a Steòrnabhagh air an aiseag, càit am beireadh tu oirre? \_\_\_\_\_

### 2. Làraichean eachdraidheil | Historic Sites

**Leugh** 📖 + **Sgrìobh** ✎ - Chì thu tar-sgrìobhadh bhon chlàradh air an làraich-lìn aig **Tobar an Dualchais** an seo. Feuch gun cuir thu na faclan gu h-ìosal dhan Bheurla gun a bhith a' toirt sùil air ais dhan leasan.

**Cailean:** *Bha Blàr Chùil Lodair fhèin na rud uabhasach agus na thachair às a dhèidh gu math uabhasach agus thug e buaidh mhòr air a' Ghàidhealtachd agus bidh daoine **a' cumail a-mach** gu bheil... gun robh na trioblaidean aig a' Ghàidhealtachd anns an naoidheamh linn deug, agus 's dòcha às dhèidh **sineach**, gur ann...gun do thòisich iad mun àm sin, aig **ar-a-mach** nan Seumasach, ann an seachd deug... ceud deug **dà fhichead** 's a còig is a sia [1745-6].*

**Coinneach:** *Uill dìreach **a' cumail oirnn** 's dòcha air na chuala is na thòisich sinn **a-rèiste**, tha... an e rud a tha ag ràdh ann an dòigh gun robh iad a' coimhead ri seo cho mòr, nuair a **dh'fhàillig** e air daoine, rud a bhathas an dòchas a bhith a' tighinn a-mach às, agus gun do dh'fhàg e sin **làrach** cho **domhain** air daoine is nach d' fhuair iad **seachad air** gus an là an-diugh a-rèiste?*

**a' cumail a-mach** | \_\_\_\_\_

**domhain** *adj* | \_\_\_\_\_

**ar-a-mach** *f* | \_\_\_\_\_

**seachad (air)** *adv* | \_\_\_\_\_

### 3. Eachdraidh na Gàidhealtachd | Highland history


**Leugh**  + **Bruidhinn**  - Leugh an earrann anns an leasan fhèin agus freagair na ceistean seo.

1. Cuin a thòisich na Lochlannaich a' riaghladh anns na h-Eileanan?  
\_\_\_\_\_
2. Cò bh' anns na Gall-Ghàidheil?  
\_\_\_\_\_
3. Cò steidhich Rìoghachd nan Eilean?  
\_\_\_\_\_
4. Dè fhuair Alasdair III ann an 1438?  
\_\_\_\_\_
5. Carson a dh'èirich còmhstri is cath eadar na Stiùbhartaich agus Rìoghachd nan Eilean?  
\_\_\_\_\_

### 4. Sgeulachd Mhath | A good story

**Sgrìobh**  - Cuir am buadhair **mòr** ris gach ainmear an seo.

- |                 |                     |                    |
|-----------------|---------------------|--------------------|
| 1. fiadh _____  | 5. machair _____    | 9. leabaidh _____  |
| 2. pìob _____   | 6. faileas _____    | 10. sèithear _____ |
| 3. fàinne _____ | 7. gainmheach _____ | 11. cathair _____  |
| 4. saor _____   | 8. sgàilean _____   | 12. ùidh _____     |

**Sgrìobh**  - A bheil thu eòlach air na h-ainmearan seo a tha ceangailte ris an talamh? Saoil a bheil iad fireann no boireann? Cuir **m** 'masculine' no **f** 'feminine' riutha agus an uair sin cuir dhan Bheurla iad. Cleachd am faclair ma dh'fheumas tu.

blàr \_\_\_ | \_\_\_\_\_  
bràigh \_\_\_ | \_\_\_\_\_  
coire \_\_\_ | \_\_\_\_\_  
leathad \_\_\_ | \_\_\_\_\_

leitir \_\_\_ | \_\_\_\_\_  
srath \_\_\_ | \_\_\_\_\_  
toll \_\_\_ | \_\_\_\_\_  
uamh \_\_\_ | \_\_\_\_\_

### 5. Mura robh... | If it wasn't...

**Sgrìobh**  - Cuir an naisgear ceart ris gach beàrn anns an sgeulachd seo.

**mura  
bhon a**

**nuair  
mus** (x 2)

**far** (x 3)  
**ma**

**nam  
ged**

Chaidh Eòghann dhan bhun-sgoil ri taobh an taighe \_\_\_\_\_ a bha e na ghille beag, ach dh'fhalbh an teaghlach aige dhan bhaile-mhòr \_\_\_\_\_ robh e na dheugaire. 'S e Glaschu am baile \_\_\_\_\_ an deach teaghlach Eòghainn agus \_\_\_\_\_ robh Eòghann toilichte an toiseach, dh'fhàs e cleachdte ris an dèidh greis. \_\_\_\_\_ bha e fhathast òg gu leòr, thachair e ri mòran charaidean ùra agus fhuair e cothroman ùra nach fhaigheadh e \_\_\_\_\_ biodh an teaghlach fhathast a' fuireach ann am baile beag. \_\_\_\_\_ do chuir e crìoch air an àrd-sgoil, fhuair Eòghann obair aig a' BhBC agus sin \_\_\_\_\_ an do thòisich e na dhreuchd. Sna làithean-sa, \_\_\_\_\_ bhios Eòghann a' toirt sùil air ais, bidh e ag ionndrainn a' bhaile bhig \_\_\_\_\_ an robh e na phàiste, \_\_\_\_\_ a tha e cuideachd toilichte anns a' bhaile-mhòr.

### 6. An Tuiseal Gairmeach | The Vocative Case

**Sgrìobh**  - Cuir na h-ainmean seo dhan tuiseal ghairmeach.

1. Seumas MacSuain \_\_\_\_\_
2. Raibeart Mac a' Chlèirich \_\_\_\_\_
3. Sìne Nic a' Ghobhainn \_\_\_\_\_
4. Mòrag NicGumaraid \_\_\_\_\_
5. Pòl MacGuaire \_\_\_\_\_
6. Eilidh NicIleBhàin \_\_\_\_\_
7. Fionnghal NicNeacail \_\_\_\_\_
8. Teàrlach MacUalraig \_\_\_\_\_

# Cuspair 17B

## Freagairtean

Digital content: [speakgaelic.scot](http://speakgaelic.scot)

B1

### 1 - Bailtean na Gàidhealtachd | Highland Towns

1. Càit am faic thu Tùr MhicCaoig? Anns an Òban
2. Nam biodh tu ag iarraidh a dhol don Eilean Sgitheanach air an aiseag, càit am beireadh tu oirre? Ann am Malaig
3. Dè an t-ainm a th' air a' bhaile as fhaisge air Beinn Nibheis? An Gearasdan
4. Càit a bheil Bealach na Bà? Anns a' Chomraich
5. Càit a bheil Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd? Air a' Phloc
6. Nam biodh tu a' seòladh a Steòrnabhagh air an aiseag, càit am beireadh tu oirre? Ann an Ulapul

### 2 - Làraichean eachdraidheil | Historic Sites

**a' cumail a-mach** | claiming

**ar-a-mach** *f* | rebellion

**domhain** *adj* | deep, profound

**seachad (air)** *adv* | past, passing

### 3 - Eachdraidh na Gàidhealtachd | Highland history

1. Bhon an 8mh linn.
2. B' iad na Gall-Ghàidheil na Lochlannaich a phòs bana-Ghàidheil is a thàinig còmhla ris na Gàidheil.
3. Teaghlach Shomhairle nan Eilean.
4. Fhuair e Iarlachd Rois is an Eilein Sgitheanaich.
5. Bha buaidh cho mòr aig Rìoghachd nan Eilean air cha mhòr an dàrna leth den dùthaich.

### 4 - Sgeulachd Mhath | A good story

1. fiadh mòr
2. pìob mhòr
3. fàinne mhòr
4. saor mòr
5. machair mhòr
6. faileas mòr
7. gainmheach mhòr
8. sgàilean mòr
9. leabaidh mhòr
10. sèithear mòr
11. cathair mhòr
12. ùidh mhòr

# Cuspair 17B

## Freagairtean

Digital content: [speakgaelic.scot](http://speakgaelic.scot)

B1

**blàr** m | field, plain, battlefield

**bràigh** m | brae, upland

**coire** m | corrie

**leathad** m | slope, hillside

**leitir** f | hillside, side of a hill

**slugaid** f | gully, slough, quicksand

**toll** m | hole, hollow

**uamh** f | cave

## 5 - Mura robh... | If it wasn't...

Chaidh Eòghann dhan bhun-sgoil ri taobh an taighe nuair a bha e na ghille beag, ach dh'fhalbh an teaghlach aige dhan bhaile-mhòr mus robh e na dheugaire. 'S e Glaschu am baile far an deach teaghlach Eòghainn agus mura robh Eòghann toilichte an toiseach, dh'fhàs e cleachdte ris an dèidh greis. Bhon a bha e fhathast òg gu leòr, thachair e ri mòran charaidean ùra agus fhuair e cothroman ùra nach fhaigheadh e nam biodh an teaghlach fhathast a' fuireach ann am baile beag. Mus do chuir e crìoch air an àrd-sgoil, fhuair Eòghann obair aig a' BhBC agus sin far an do thòisich e na dhreuchd. Sna làithean-sa, ma bhios Eòghann a' toirt sùil air ais, bidh e ag ionndrainn a' bhaile bhig far an robh e na phàiste, ged a tha e cuideachd toilichte anns a' bhaile-mhòr.

## 6 - An Tuiseal Gairmeach | The Vocative Case

- |                              |                                     |
|------------------------------|-------------------------------------|
| 1. Seumas MacSuain           | <u>A Sheumais MhicShuain</u>        |
| 2. Raibeart Mac a' Chlèirich | <u>A Raibeirt Mhic a' Chlèirich</u> |
| 3. Sìne Nic a' Ghobhainn     | <u>A Shìne Nic a' Ghobhainn</u>     |
| 4. Mòrag NicGumaraid         | <u>A Mhòrag NicGhumaraid</u>        |
| 5. Pòl MacGuaire             | <u>A Phòil MhicGhuaire</u>          |
| 6. Eilidh NicIlleBhàin       | <u>Eilidh NicIlleBhàin</u>          |
| 7. Fionnghal NicNeacail      | <u>Fhionnghal NicNeacail</u>        |
| 8. Teàrlach MacUalraig       | <u>A Theàrlaich MhicUalraig</u>     |